

inntinn leis am faod sinn toileachas nach 'eil gann
 no faoin fhaotainn bho na seallaidhean gasda,
 ciatach leis a' bheil an saoghal combdaichte. Tha
 gliocas mor r'a fhaicinn leinn ann an trathan na
 bliadhna ; oir nam bitheadh an geamhradh daonnan
 ann le 'reothadh cruaidh, le 'stoirmean beucach 's
 le 'ghaothan iargalta, dh'fhasamaid sgith, airs-
 neulach, agus bhitheadh ar comas air sonas
 saoghalta fhaireachdainn 's a mhealltainn gu
 h-anabarrach air a lughdachadh. Tha againn ann
 an so fein dearbhadh laidir air cia co grasmhor,
 glic 'us cothromach 's a dh'ordaich Dia gach ni.
 Rinn Dia an samhradh. Is e so an raidh anns a
 bheil tlus 'us blaths 'us aghmhorachd a' deanadh
 aghaidh naduir suilbhir, aighearach, 'us tlachdmhor
 ann an tomhas sonraichte. Tha sunnd 'us gean
 'us subhachas a' lionadh an t-saoghail gu leir.
 Cha-n 'eil e comasach do neach air bith ged dh'
 fhaodas e bhi air a chradh le trioblaid no le euslaint,
 gun agh 'us tlachd 'us faochadh a thrusadh agus
 fhaotainn bho lionmhorachd nam beus agus nam
 feart a bhuineas do'n t-samhradh. Tha 'ghrian
 anns an iarmailt shuas gun sgios a' dortadh a nuas
 a gathannan priseil agus a' giulan aiteis do gach
 magh 'us aonach, do gach cnoc 'us slios, do gach
 raon 'us ard-bheann. Tha 'n cuan mor, farsuing,
 luasganach gun ghruaim, gun stoirm. Tha
 'thorman, a stri, 's a bheucaich a nis aig fois. Tha
 sobhraichean agus neonainean maiseach agus
 lionmhor anns na h-achaidhean. Tha 'm fraoch